

Buidhnean Fòcais Bhidio Air-loidhne aig Survey PRAEG - bhon Ghearran 2024 Leasachan Fios Prìobhaideachd

Tha am Fios Prìobhaideachd seo a thuilleadh air Fios Prìobhaideachd Survey PRAEG agus tha e do bhuill a tha a' com-pàirteachadh ann am buidhnean fòcais bhidio air-loidhne air an ruith le TRP Research / Alana NicAonghais (bhon Ghearran 2024 agus às a dhèidh). Tha a' mìneachadh mar a bhios sinn a' tional, a' stòradh, a' cleachdadh, a' roinn agus a' dìon do dhàta pearsanta nuair a ghabhas tu pàirt ann an gin sam bith de na buidhnean fòcais a tha sinn a' ruith. Bu chòir don leasachan a leughadh còmla ris a' phrìomh [Fios Prìobhaideachd Survey PRAEG](#). Le bhith a' gabhail pàirt ann am buidheann fòcais sam bith, tha thu a' dearbhadh gu bheil thu air leasachan an Fhios Prìobhaideachd seo a leughadh, a thuigsinn agus aontachadh. **Mura h-aontaich thu ri seo, na gabh pàirt sna buidhnean fòcais againn.**

Fiosrachadh mu Bhuidhnean Fòcais

Sa bhuidheann fòcais bidh tu air gairm bhidio le luchd-obrach TRP Research, Alana NicAonghais agus buill thaghte eile de Survey PRAEG. Bidh na buill uile sa bhuidheann seo follaiseach do chàch a chèile agus comasach air do chiad ainm fhaicinn. Feumaidh tu pàirt a ghabhail san deasbad agus do bheachdan a thoirt seachad mu na cuspairean a thathar a' deasbad. Thèid an seisean buidheann fòcais a chlàradh. Thèid an clàradh sin bhon bhuidheann fòcais a thar-sgrìobhadh agus bidh fiosrachadh sam bith a dh'fhaodadh d' aithneachadh air a thoirt às. Aon uair 's gu bheil seo dèante, cha bhì e comasach d' aithneachadh tron tar-sgrìobhadh.

Buidheann fòcais bhidio air-loidhne sa Ghearran 2024

Bidh an deasbad sa bhuidheann fòcais mu dheidhinn cuspair sònraichte, gheibhear barrachd fiosrachaidh ma bhios tu air do thaghadh airson pàirt a ghabhail. Gabhaidh an seisean buidheann fòcais àite air Zoom agus cumar an clàradh airson 1 bhliadhna. Is e adhbhar a' phròiseis, in-shealladh a thoirt air seasamhan is beachdan nam meadhanan Gàidhlig. Thèid an tar-sgrìobhadh agus na toraidhean bhon bhuidheann fòcais a chur air adhart gu MG ALBA.

Alana NicAonghais

Is e neach-giullachd dàta a th' ann an Alana ag obair às ar leth, TRP Research. Bidh i ag obair còmhla rinne agus an seisean buidheann fòcais ullachadh, a cho-mheasadh agus a thar-sgrìobhadh, le bhith a' coileanadh nan gnìomhan a leanas:

- Conaltradh ri buill Survey PRAEG a tha air aontachadh air pàirt a ghabhail sa bhuidheann fòcais air-loidhne, gus com-pàirt a dhèanamh comasach.
- Riaghladh seisean a' bhuidhinn fòcais air-loidhne.
- Tar-sgrìobhadh a' chlàraidh air seisean a' bhuidhinn fòcais agus ga eadar-theangachadh.

Tha am fiosrachadh pearsanta uile a tha ga thional mar phàirt de sheiseanan a' bhuidhinn fòcais air a thoirt còmhla agus air a chleachdadh ann an co-rèir ris an Fhios Prìobhaideachd seo. Cha bhì cothrom aig Alana ach air d' ainm, àireamh fòn agus an clàradh bhon bhuidheann fòcais fhaicinn gus a dhèanamh comasach dhi na gnìomhan san liosta gu h-àrd a chrìochnachadh. Cha bhì cothrom aice air an fhiosrachadh seo ach gus am bi clàradh a' bhuidhinn fòcais air a thar-sgrìobhadh agus air eadar-theangachadh. Aon uair 's gun tèid an cothrom sin a thoirt air falbh, cha bhì an còrr cothruim aig Alana agus cha bhì fiosrachadh pearsanta sam bith aice tuilleadh mud dheidhinn. Thèid am fiosrachadh uile a thoirt do dh'Alana ann an dòigh thèarainte.

A thuilleadh air na tha gu h-àrd, tha aonta sgrìobhte againn le Alana gus dèanamh cinnteach nach fhoillsich i an dàta agad do phàrtaidh sam bith eile no nach cleachd i e airson adhbhar sam bith eile. Faic an còrr den Fhios Prìobhaideachd seo airson tuilleadh fhaighinn a-mach mun fhiosrachadh pearsanta a tha ga chleachdadh mar phàirt de na buidhnean fòcais.

Dàta pearsanta agus bunait laghail airson do dhàta pearsanta a ghiullachd

Tha dàta pearsanta a' ciallachadh fiosrachadh sam bith mu neach fa leth a cheadaicheas a bhith air d' aithneachadh. Dh'fhaodadh gum bi e cuideachd a' gabhail a-steach seòrsachadh sònraichte de dhàta pearsanta, leithid cinnidheachd, dearbh-aithne nàiseanta agus fiosrachadh slàinte, a thathar a' meas a bhith nas dìomhair.

Mar bhall làithreach de Survey PRAEG, tha beagan fiosrachaidh againn mud dheidhinn mar-thà a chaidh a thional mar phàirt den phròiseas clàraidh. Cleachdaidh sinn am fiosrachadh seo gus a dhèanamh cinnteach gu bheil thu a' coileanadh nan slatan-tomhais do gach buidheann fòcais agus cleachdaidh sinn am fiosrachadh a tha againn mar-thà airson conaltradh riut. Cuiridh sinn fios thugad air post-d a' mhòr-chuid den ùine. Cuiridh Alana NicAonghais fios thugad air an àireamh fòn a thug thu dhuinn ma thèid do thaghadh airson pàirt a ghabhail sa bhuidheann fòcais no ma tha thu air an liosta ghlèidhte. Bheir seo cothrom dhuinn dèanamh cinnteach gun tèid am buidheann fòcais air adhart gun dragh, a' dèanamh cinnteach gu bheil thu deiseil airson com-pàirt a ghabhail sa bhuidheann fòcais, gus do chuideachadh ma bhios cùisean teicnigeach ag èirigh agus gus ceistean sam bith a th' agad a fhreagairt etc.

Gach turas a bhios sinn a' ruith buidheann fòcais, iarraidh sinn d' aonta air pàirt a ghabhail gus ceadachadh dhuinne am buidheann fòcais a ruith / a chlàradh, an clàradh a stòradh / a chleachdadh agus na toraidhean aithris. Aon uair 's gu bheil fiosrachadh a dh'fhaodadh aithneachadh air a thoirt air falbh, thèid an tar-sgrìobhadh agus na toraidhean bhon bhuidheann fòcais a chur air adhart gu MG ALBA / BBC agus dh'fhaodadh gun tèid a chleachdadh ann an stuthan adhartachaidh agus aig co-labhairtean. Tha sinn a' cleachdadh "cead" mar ar bunait laghail airson giullachd. Ma bhios sinn airson an fhiosrachaidh a thug thu dhuinn a chleachdadh airson adhbhar air choreigin eile no airson tuilleadh dàta pearsanta bhual, iarraidh sinn do chead a-rithist.

Chan iarr sinn ort dàta pearsanta sam bith fhoillseachadh mar phàirt den bhuidheann fòcais, ach dh'fhaodadh fiosrachadh mar d' aois / do ghnè / cinnidheachd / ciorram is eile, a bhith follaiseach san t-seisean buidheann fòcais. On a bhios tu aig coinneamh bhidio le buill eile de Survey PRAEG, Alana agus luchd-obrach TRP Research, feumaidh sinn dàta càch a chèile a dhìon agus tha beagan riaghailtean againn a dh'fheumar a leantainn:

- Bi ann an àite sàmhach far nach fhaic neach sam bith an sgàilean agad no nach cluinnean an còmhraidh.
- Thoir an aire nach bi e comasach do neach sam bith eile sa choinneamh dàta pearsanta sam bith mud dheidhinn fhèin, mud theaghlach no neach sam bith eile, fhaicinn m.e. na suidh air beulaibh bòrd fiosrachaidh air a bheil d' ainm agus do sheòladh no sgoil do chuid chloinne etc.
- Cuimhnich gun cluin càch sa choinneamh fiosrachadh pearsanta sam bith air am bruidhinn thu agus gum bi e clàraichte, mar sin bi cùramach mun fhiosrachadh a bhios tu a' toirt seachad. Tha seo a' gabhail a-steach dàta de sheorsa sònraichte leithid cinnidheachd, dàta slàinte no creideamh. Mura h-urrainn dhut roinn air dàta pearsanta a sheachnadh, a' gabhail a-steach dàta de sheorsa sònraichte, bidh tu mar sin a' ceadachadh don dàta seo a bhith air a ghiullachd agus air fhaicinn le TRP Research.
- Tha clàradh air seisean a' bhuidhinn fòcais le com-pàirtichean le bathar-bog clastinneach / lèirsinneach no uidheamachd sam bith, air a thoirmeasg, oir tha e a' briseadh prìobhaideachd bhall a tha a' gabhail pàirt san t-seisean. Ma gheibh sinn a-mach gu bheil seo air àite a ghabhail, thèid an neach sin a chur às Survey PRAEG.
- Bi modhail ri agus mothachail do chàch sa bhuidheann, faodaidh daoine a bhith bho dhiofar dhualchasan agus le diofar bheachdan agus feumar spèis a thoirt dhaibh.
- Cha chuir sinn suas le giùlan no cànan maslach a dh'ionnsaigh chom-pàirtichean eile, Alana no luchd-obrach TRP Research.

Seòrsachaidhean sònraichte de dhàta pearsanta

Ma dh'aontaicheas tu ri pàirt a ghabhail sa bhuidheann fòcais, iarraidh sinn do chead soilleir airson seòrsachadh dàta sònraichte sam bith a thional agus a ghiullachd, leithid cinnidheachd, creideamh, fiosrachadh slàinte a tha nochdte ann an seisean a' bhuidhinn fòcais. Cha dèan sinn iarraidh dìreach air seòrsachaidh dàta sònraichte sam bith don phròiseact seo.

Stòradh agus dìon dàta

Tha fios againn cho cudromach 's a tha e do dhàta a dhion agus na clàraidhean bho na buidhnean fòcais a chumail sàbhailte.

- Thèid an clàradh bho sheisean a' bhuidhinn fòcais a stòradh air Zoom agus air coimpiutair còdaichte TRP Research, mus tèid a ghluasad airson a stòradh agus a ghiullachd air na frithealaichean tèarainte againn san RA. Bidh an clàradh air a dhubhadh às an uair sin bho Zoom. Cumaidh sinn gach clàradh airson 1 bhliadhna. Thèid an clàradh a roinn le Alana NicAonghais, ach a thuilleadh air sin cha tèid a roinn le neach sam bith taobh a-muigh TRP Research mura h-eil riatanas laghail an làthair.
- Cha bhi cothrom air a' chlàradh aig na buidhnean fòcais ach le Alana NicAonghais agus luchd-obrach TRP Research aig a bheil feum air faighinn a-steach ann gus an dleastanas obrach a choileanadh, mar eisimpleir gus na clàraidhean a thar-sgrìobhadh agus do cheistean a fhreagairt.
- Thèid do dhàta pearsanta don bhuidheann fòcais a stòradh agus a ghiullachd fhad 's a tha thu nad bhall de Survey PRAEG airson 1 bhliadhna. Ma roghnaicheas tu di-chlàradh bho Survey PRAEG, cumaidh sinn clàradh de do dhàta pearsanta a' gabhail a-steach clàradh a' bhuidhinn fòcais, mura cuir thu an gnìomh do chòir air do dhàta pearsanta a bhith air a dhubhadh às (faic "Còir air dubhadh às" fon earrann leis an tital "Do Chòraichean Prìobhaideachd" ann am Fios Prìobhaideachd Survey PRAEG).

Roinn do dhàta pearsanta

Bidh an clàradh air a stòradh air Zoom airson ùine ghoirid mus tèid a stòradh agus a ghiullachd air na frithealaichean tèarainte againn. Thèid clàradh bhon bhuidheann fòcais a roinn cuideachd le Alana NicAonghais, ach a thuilleadh air sin cha tèid a roinn le neach sam bith eile taobh a-muigh TRP Research mura h-eil riatanas laghail an làthair.

Gluasadan dàta taobh a-muigh na RA

Bidh an clàradh bhon bhuidheann fòcais air a stòradh san RA a-mhàin.

Atharrachadh d' inntinn mu chom-pàirt ann am buidheann fòcais

Ma tha thu air do thaghadh airson pàirt a ghabhail ann am buidheann fòcais ach gun do dh'atharraich thu d' inntinn agus nach eil thu airson com-pàirteachadh tuilleadh, faodaidh tu fios a chur thugainn aig praeg@surveypraeg.com airson tarraing às a' bhuidheann fòcais.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Chaidh an leasachan Fios Prìobhaideachd seo ath-ùrachadh air 05/02/2024.